

Sealladh Nàdarra

Ro-innleachd chorporra Dualchas Nàdair na
h-Alba

a'coimhead 10 bliadhna air adhart

ag obair còmhla ri muintir Alba airson an aire
a thoirt air an àrainneachd nàdarra

An t-Samhain 2003

Ro-ràdh

Le Pàrlamaid na h-Alba a-nis san dara teirm agus le program tomadach airson reachdas ùr, 's e àm inntinneach a tha seo airson a bhith ag obair an lùib Àrainneachd na h-Alba.

Tha daoine a' sìor fhàs mothachail air an àrainneachd agus tha barrachd iarrtasan air buidhnean mar SNH gus buannachdan a libhrigeadh.

Tha an ro-innleachd chorpóra seo a' cur ar n-amasan an cèill agus ag innse dè nì sinn sna 10 bliadhna a tha romhainn airson an coileanadh. Tha e stèidhte air na poileasaidhean agus na dòighean obrach ùra ann an Alba a tha co-cheangailte ris an Riaghaltas ùr a thainig gu bith sa Chèitean 2003. Tha e ag innse mar a thèid againn air a chuideachadh gus na h-amasan sa phrogram 'Caidreachas airson Alba nas fheàrr' a choileanadh ach am bi cùisean àrainneachd aig cridhe a' phoileasaidh phoblaich. Tha e cuideachd a' tarraing air leasachaidhean ann an àitichean eile ann am Breatainn agus san Roinn Eòrpa

Tha e ag amas air a' phrìomh luchd-compàirt againn – a' Phàrlamaid, ùghdarras ionadail, buidhnean saor-thoileach is buidhnean riochdachaidh, buidhnean eile agus, gu h-àraidh, muinntir Alba. Tha an ro-innleachd a' togail air an obair a tha sinn air a dhèanamh o chionn 12 bhliadhna. Bha a' mhòrchuid dhen sin a' ciallachadh gun robh againn ri bhith ag obrachadh gu math còmhla ri buidhnean eile. Tha e fhathast a' leantainn nan amasan agus nan dòighean obrach againn san fharsaingeachd agus a' coimhead air ciamar a thèid againn air rùn a thoirt gu buil. Bidh an luchd-compàirt againn eòlach gu leòr air a' mhòrchuid de na th' ann. Tha e stèidhte air an ro-innleachd a dh'fhoillsich sinn ann an 2000, agus a chaidh ùrachadh mar thoradh air atharraichean ann am poileasaidhean 's ann an cùisean a' bualadh air an àrainneachd nàdarra ann an Alba.

Dh'iarr ministearan an Riaghaltais oirnn o chionn ghoirid a' phrìomh oifis againn a ghluasad à Dùn Èideann a dh'Inbhir Nis. Bidh buaidh aig an seo air còrr is 200 neach-obrach, agus dh'fhaodadh gum fàg cuid dhiubh a' bhuidheann. Fhad 's a bhios sinn a' gluasad, bidh buaidh aige air ar comas libhrigidh. Ach, bidh sinn a' feuchainn ris a' bhuidheann a chumail cho beag 's a ghabhas agus a bhith coimhead air a' phrìomh oifis ùir mar chothrom gus buidheann nas èifeachdaiche buileach a stèidheachadh airson nam bliadhnaichean ri teachd.

An t-Samhainn 2003

Sealladh Nàdarra

Ro-innleachd chorporra Dualchas Nàdair na h-Alba a'coimhead 10 bliadhna air adhart

Ro-ràdh

Chaidh SNH a stèidheachadh ann an 1992 mar bhuidheann an Riaghaltais airson na h-àrainneachd nàdarra ann an Alba.

'S e ar rùn a bhith "Ag obair còmhla ri muinntir Alba airson an aire a thoirt air an àrainneachd nàdarra".

'S e ar n-amas gu bheil 'Àrainneachd nàdarra na h-Alba luachmhor aig ìre ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta. Tha sinn a' brosnachadh cùram is leasachadh na h-àrainneachd sin ach am meal daoine i, gun cuir iad luach orra agus gum bi iad faiceallach air sgàth tuigse nas fheàrr. Tha sinn cuideachd a' brosnachadh cleachdadh seasmhach an-dràsta agus san àm ri teachd.'

Tha an ro-innleachd chorporra seo a' cur an cèill eachdraidh na h-obrach againn. Tha fiosrachadh innte air amasan is prìomhachas. 'S e ro-innleachd dhuinne a tha seo seach ro-innleachd airson dualchas nàdair. Tha iomradh air ar rùn airson a'choltais a dh'fhaodadh a bhith air an àrainneachd nàdarra ann an 2025 sna sgrìobhainnean *Natural Heritage Futures*. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil na rudan a tha daoine is buidhnean a' dèanamh a' toirt buaidh air an àrainneachd nàdarra. Mar thoradh air an sin, tha sinn airson mòran dhe na tha sinn a' dèanamh a choileanadh tro bhith ag obair còmhla ri daoine eile

Tha an ro-innleachd seo os cionn grunnan sgrìobhainnean corporra agus tha e na stiùireadh airson na tha annta sin. Tha sinn a' cur stòras mu choinneimh plana corporra nan trì bliadhna agus plana obrachaidh na bliadhna agus a' measadh an

adhartais a tha sinn a' dèanamh a rèir sin. Tha ro-innleachdan againn cuideachd gus ar cuideachadh ag obrachadh a-mach prìomhachasan nam programan mar rannsachadh, brosnachadh airgid agus foillseachadh.

Chaidh SNH a stèidheachadh fo Achd Dualchas Nàdair (Alba) 1991. Tha ar prìomh amasan ag èirigh on Achd seo. 'S iad sin:

- dualchas nàdair na h-Alba a ghleidheadh is a leasachadh;
- tuigse a thoirt do dhaoine ach am bi e nas fhasa dhaibh dualchas nàdair na h-Alba a mhealtainn: agus
- feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh is riaghladh an dualchais sin seasmhach.

Tha dualchas nàdair na h-Alba a' còmhachadh fiadh-bheatha, àrainnean, cumadh na dùthcha is bòidheachd nàdarra. Na lùib, tha na creagan, ùirean, cruth na talmhainn agus na h-uisgeachan air a bheil iad sin stèidhte. Tha e ri fhaotainn air feadh na tìre agus aig muir, ann am meadhan nam bailtean agus air mullach nam beanntan agus anns na h-aibhnichean agus na lochan

Tha sinn air ar maoinachadh le Pàrlamaid na h-Alba. Tha ministearan an riaghaltais a' cur a' chathraiche agus buill a' bhùird nan dreuchd. Tha sinn cunntachail, tron bhòrd, dhan mhinistear le uallach air ar son agus, mar sin, do Phàrlamaid na h-Alba

Mun ro-innleachd seo

Tha inbhe beatha dhaoine an crochadh air àrainneachd obrach a tha fallain is tarraingeach agus a tha ag obrachadh gu math, a bharrachd air structairean sòisealta làidir agus eaconamaidh fhallain. Tha na faclan 'leasachadh seasmhach' a' còmhachadh gach nì dhiubh sin. Tha Pàrlamaid na h-Alba air a ràdh gum bu chòir leasachadh seasmhach a bhith aig cridhe gach co-dhùnadh is tasgadh. Bidh buaidh aig na co-dhùnaidhean againn an-dràsta mun àrainneachd air a' ghinealach seo agus air na ginealaich ri teachd. Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir rùn sam bith co-cheangailte ris an àm ri teachd a bhith a' gabhail a-steach cùram is leasachadh sàr dhualchas nàdair na h-Alba, chan ann a-mhàin air a sgàth fhèin ach, cuideachd, airson dìleab cho math 's as urrainn dhuinn fhàgail aig na ginealaich ri teachd.

Aig Còmhaidhail Dùthchannan Aonaichte na Cruinne air Leasachadh Seasmhach ann an Johannesburg ann an 2002, thuir riaghaltasan a-rithist gun robh iad a' dol le prionnsabalan leasachadh seasmhach. Tha seo a' gabhail a-steach feum air dìon agus cleachdadh seasmhach bith-iomadachd na cruinne tron Chòmhaidhail air lomadachd Bitheòlais agus gum feumar gluasad a dh'ionnsaigh pàtarain dèanamh is caitheamh nas seasmhaiche.

Mar thoradh air an sin, tha leasachadh seasmhach, agus an taobh a-staigh dhen sin, dealas a thaobh fiadh-bheatha, àrainnean is stòras nàdarra, a' toirt co-theacsa eadar-nàiseanta is nàiseanta dhan obair againn.

☐ Ann an 2002 dh'fhoillsich sinn na sgrìobhainnean '*Natural Heritage Futures*', a bha a' cur an cèill ar rùn air a' choltas a dh'fhaodadh a bhith air dualchas nàdair ann an 2025. Tha sinn a' creidsinn gun urrainn dùthaich is cladach a bhith againn a tha:

- torach;
- a' toirt taic do sgìrean dùthchail soirbheachail;
- a' toirt bhuannachdan is sheirbheisean do dhaoine a tha a' fuireach ann am bailtean;
- fallain a thaobh eag-eòlais is beartach ann am bith-iomadachd;
- eadar-dhealaichte na choltas agus àlainn;
- comasach do dhaoine cothrom a ghabhail air.

2. Tha sinn cuideachd a' creidsinn gun urrainn tuineachaidhean a bhith againn:

- * a tha nan àitichean tarraingeach airson fuireach annta; agus
- a tha a' toirt cothrom do dhaoine dualchas nàdair a mhealtain.

4. Tha an ro-innleachd a' cur an cèill na tha sinn am beachd a dhèanamh gus an rùn sin a choileanadh. Tha an ro-innleachd stèidhte air prionnsabalan leasachadh seasmhach agus tha ceithir phrìomh chuspairean ann:

Tha toirt an aire air an t-saoghal nàdarra mu dheidhinn a bhith a' toirt an aire air dualchas nàdair agus a' tuigsinn mar a tha e ag atharrachadh.

Tha leasachadh beatha nan daoine mu dheidhinn nam buannachdan pearsanta is sòisealta as fheàrr do dhaoine air sgàth sàr dhualchas nàdair.

Tha brosnachadh leasachadh seasmhach mu dheidhinn a bhith a' cleachdadh dualchas nàdair ann an dòigh a tha mothachail air cho luachmhor 's a tha e, agus a bhitheas e sa cheann fhada, ach a tha na bhuannachd dhan eaconamaidh aig an aon àm.

Tha dòighean obrach mu dheidhinn mar a tha sinn ag obair gus na nithean gu h-àrd a libhrigeadh – ann an dòigh fhosgailte, èifeachdaich.

Tha ceangal eadar na cuspairean gu lèir. Tha mòran dhe na tha sinn a' dèanamh, leithid foghlam agus taisbeanadh air riaghladh an dualchais nàdarra, an lùib amasan nan cuspairean gu lèir ach chan eil iomradh orra ach fo aon chuspair.

A' toirt an aire air an àrainn nàdarra

'S e ar n-amas gum bi daoine a' toirt deagh aire air dualchas nàdair na h-Alba gu lèir

Do dhùthaich nach eil cho mòr sin, tha caochladh mòr de sheòrsachan fiadh-bheatha is cumaidhean dùthcha ann an Alba. Tha mòran dhen seo air sgàth nan dòighean eadar-dhealaichte san robh daoine a' cleachdadh an fhearainn is na mara. Mar sin, airson coimhead às dèidh gach feart sònraichte de dhualchas nàdair, feumaidh iomadh dòigh obrach a bhith againn – feumaidh iad sin a bhith sùbailte, a' freagairt air atharrachadh, agus mothachail air gach beachd co-cheangailte ris a' chùis. Tha e cudromach gum bi dòighean sònraichte againn airson cuid de ghnèathan agus de sgìrean a tha air an dìon. Feumaidh sinn cuideachd an aire a thoirt air an dùthaich gu lèir, air a' chladach agus air a' mhuir.

Iomadachd Nàdarra agus obrachadh nàdarra

Tha sinn airson gum bi fiadh-bheatha is àrainnean pailt air muir agus air tìr, le riaghladh a bheir cothrom dha na siostaman nàdarra obrachadh gu math

Tha Ionadan de Shuim Shònraichte Shaidheansail (SSSIs) air fear dhe na prìomh dhòighean air na h-àitichean as prìseile do dh'fhiadh-bheatha na h-Alba a dhìon cho math ri bhith nan sàr làraich airson chreagan, fhosailean is chruthan talmhainn. 'S e làraich Natura 2000 na 'seudan ann an crùn a' bhith-iomadachd', a tha air a chomharrachadh air muir agus tìr airson sealladh a thoirt air cho cudromach 's a tha na h-àrainnean, na h-eòin is gnèathan eile taobh a-staigh na Roinn Eòrpa. Tha an cudrom air Nàdar sa chiad àite ann a bhith a' riaghladh nan Tèarmann Nàdair Nàiseanta, ach tha e na phrìomh amas cead a thoirt do dhaoine tadhal orra agus faighinn a-mach dhaibh fhèin mu iomadachd is iongantach dualchas nàdair.

Feumaidh co-obrachadh math a bhith eadar sinn fhèin is uachdarain is muinntir an àite gus dèanamh cinnteach à deagh riaghladh ann an sgìrean a tha fo dhìon. Tha am program Cùram Nàdarra a' brosnachadh mhanaidsearan is luchd-seilbh prìbheideach gu bhith a' toirt an aire air na làraich shònraichte sin le bhith a' pàigheadh airson riaghladh iomchaidh.

Thèid beachdachadh air Bile Glèidhteachas Nàdair (Alba) tràth sa ghnothaich ann am Pàrlamaid na h-Alba (2003-2007). Nì seo ath-sgrùdadh air a' bhunait laghail airson an t-siostam SSSI ach am bi e nas sùbailte agus nas èifeachdaiche. Bheir e dhuinn barrachd chothroman airson a bhith ag obair còmhla ri daoine a tha a' riaghladh nan ionadan sònraichte sin agus còmhla ri feadhainn eile aig a bheil ùidh annta. Tha sinn a' cur failte air a' mholadh a th' anns a' Bhile dleastanas a chur air buidhnean poblach gus a bhith a'cuideachadh a' gleidheadh bith-iomadachd agus na tha iad a'cuimseachadh air gus gun urrainnear an aghaidh a thoirt air eucoir fiadh-bheatha ann an dòigh nas èifeachdaiche.

Chaidh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba a chur air bhog ann an 2003. Tha sreath de phlanaichean san Ro-innleachd gus cùisean a chur an gnìomh agus tha e ag amas air ceanglaichean a bhrosnachadh eadar bith-iomadachd agus daoine air an dùthaich, sna bailtean agus aig muir agus gus spionnadh às ùr a chur san dòigh sa bheil Planaichean Gnìomh Bith-iomadachd air an leasachadh agus air an cur an gnìomh.

Bidh sinn:

- **a'cuideachadh an Riaghaltais gu bhith a'coileanadh amasan Natura 2000 an dà chuid air muir agus tìr, le bhith ag aithneachadh agus a' brosnachadh deagh riaghladh nan làrach a tha air an dìon agus tro dhòighean eile an taobh a-muigh dhuibh sin;**
- **a' cuideachadh a' toirt air adhart Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba, ag obair gus tilleadh a chur sna chailleadh a thaobh bith-iomadachd san àm a dh'fhalbh, agus bidh sinn a' dèanamh dhaoine nas mothachaile air buannachdan bith-iomadachd agus a' brosnachadh a h-uile seòrsa duine gu bhith a' toirt an aire air;**
- **a'cur an gnìomh Bile Glèidhteachas (Alba), le bhith a'cleachdadh nan cothroman a bharrachd a tha againn airson a bhith ag obair còmhla ri daoine a tha a'riaghladh agus a'cleachdadh SSSIs;**
- **a'cumail sùil agus a'dèanamh aithisg air cor nan SSSIs, agus a'cleachdadh an fhiosrachaidh sin gu bhith ag obair còmhla ri luchd-riaghlaidh fearainn gus riaghladh nan làrach a leasachadh;**
- **a' leasachadh program Cùram Nàdarra ach am bi a' mhorchuid de SSSIs air an riaghladh na leithid de dhòigh agus gu bheil iad a rèir nan amasan glèidhteachais; agus a' toirt buaidh air sgeamachan riaghlaidh dùthchail eile agus cumhnantan riaghladh fearainn ach am bi iad a' cur ri deagh riaghladh dualchas nàdair;**
- **a'cleachdadh nan Tèarmann Nàdair Nàiseanta againn gus gum bi barrachd mothachaidh aig daoine mu dhualchas nàdair na h-Alba, agus a' toirt eisimpleir air an d'oigòas fheàrr air a riaghladh; agus**
- **bidh poileasaidhean agus dòighean obrach soilleir againn co-cheangailte ri bhith a' toirt air ais dhan dùthaich seo gnèathan a chleachd a bhith ann an Alba, a' cur bacadh agus a' cumail smachd air gnèathan neo-dhùthchasail; agus a' dèiligeadh ri duilgheadasan a dh'fhaodadh nochdadh eadar gnèathan laga, gnèathan ann an cunnart no gnèathan pailt agus feumalachdan nan daoine a tha a'cleachdadh an fhearainn is na mara.**

Cumadh talmhainn agus bòidhchead nàdarra

Tha sinn airson sàr sheallaidhean talmhainn is mara le caochladh ghnèathan agus a tha gun shamhail

Tha cumaidhean tìre Alba ainmeil airson cho eadar-dhealaichte agus cho sònraichte 's a tha iad. 'S iad a tha a' toirt dhuinn an t-suidheachaidh sa bheil sinn a' fuireach, ag obair agus ri spòrs agus tha iad cudromach do dh'eaconamaidh Alba air sgàth turasachd.

Bidh seallaidhean tìre ag atharrachadh ri ùine, ach tha iad air a bhith ag atharrachadh nas luaithe o chionn bhliadhnaichean, agus chan ann an-còmhnaidh san dòigh as fheàrr no le mòran còmhraidh ris an t-sluagh. Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir barrachd deasbaid a bhith ann mu sheallaidhean na tìre san àm ri teachd agus gum bu chòir barrachd aire a thoirt do dheagh phlanadh, dealbhachadh is riaghladh. Chan eil an t-uallach airson seallaidhean tìre na h-Alba air aon bhuidheann a-mhàin. Bidh sinn ag obair còmhla ri feadhainn eile gus buaidh a thoirt air atharrachadh ann an sealladh na dùthcha agus bidh sinn ag amas air barrachd tuigse a sgaoileadh mun stòras seo agus an aire a thoirt air.

Bidh sinn:

- **a' brosnachadh deasbad air dè an coltas a bu chòir a bhith air seallaidhean dùthcha Alba san àm ri teachd, agus a' faotainn tuigse nas fheàrr mu bheachdan dhaoine air seallaidhean tìre;**
- **a' dèanamh dhaoine nas mothachaile air a liuthad sealladh tìre gun shamhail a tha ann an Alba agus na cùisean co-cheangailte ri nàdar is daoine a thug an cumadh dhaibh, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt an aire orra, le bhith a' stiùireadh atharrachadh agus a' toirt taic do dhòighean riaghlaidh nas fheàrr;**
- **a' toirt an aire air na Sgìrean Bòidhchead Nàiseanta a tha ann mu thràth, a' rannsachadh am bu chòir feadhainn ùra a bhith ann agus a' leasachadh dòigh obrach ùr co-cheangailte ri comharrachadh sheallaidhean dùthcha gu h-ionadail; agus**
- **a' sireadh aithne airson nam feartan gun shamhail ann an cuid de sgìrean, a rèir mar a tha sin sa phoileasaidh againn 'Wildness in the Scottish Countryside'.**

Pàircean Nàiseanta na h-Alba

Tha sinn airson gum bi na Pàircean Nàiseanta ag obrachadh gu math gus dualchas nàdair is culturail na h-Alba a dhìon agus a leasachadh

Tha Pàircean Nàiseanta na h-Alba ann an sgìrean dhen dùthaich air a bheil daoine measail airson am bòidhchid agus mar ghoireas, na cothroman sònraichte a tha annta airson spòrs a-muigh, agus na tha iad a' cur ri fèin-aithne na h-Alba. Chuidich sinn le bhith a' stèidheachadh a' chiad dhà Phàirc Nàiseanta ann an Alba, ann an Loch Laomainn agus sna Trosachan agus air a' Mhonadh Ruadh.

Bidh sinn:

- **a' toirt taic do dh'obair nam Pàircean Nàiseanta gus aire, toileachas, tuigse agus cleachdadh seasmhach an dualchais nàdarra a tha annta a bhrosnachadh; agus**
- **a' cur ri beachdan mu bhuannachdan co-cheangailte ri Pàircean Nàiseanta ùra a stèidheachadh, agus mar bu chòir dhaibh sin sgìrean mara is cladaich a chòmhdach.**

Pàtarain, atharraichean agus comharran

Tha sinn an dùil gum foillsich sinn pàtarain fad'-ùine agus gum bi stuthan fiosrachaidh rim faotainn a ghabhas a chleachdadh ann an co-dhùnaidhean a tha a' bualadh air dualchas nàdair

Gus an aire a thoirt air saoghal nàdair, feumaidh tuigse a bhith againn air mar a tha saoghal nàdair ag atharrachadh, stèidhte air an rannsachadh as fheàrr a tha ri fhaotainn agus air fiosrachadh eile. Tha e uaireannan doirbh sgaradh a dhèanamh eadar atharraichean a tha a' tachairt gu nàdarra a thaobh ghnèathan, àrainnean agus cumaidhean dùthcha agus atharraichean a tha ag èirigh on dòigh sa bheil daoine a' riaghladh an fhearainn is na mara.

Bidh sinn:

- **a' clàradh agus a' brosnachadh tuigse air na prìomh atharraichean is phàtarain ann an dualchas nàdair, a' leudachadh an fhiosrachaidh a tha ri fhaotainn mun deidhinn, agus a' cuideachadh le bhith a' leasachadh Ionadan Clàraidh Sgìreil agus an Lionradh Nàiseanta airson Bith-iomadachd; agus**
- **a' leasachadh agus a' foillseachadh liosta chomharran, a bhios a' ceangal ri comharran a thaobh leasachadh seasmhach gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta ach an clàr sinn cor dulachas nàdair Alba a chlàradh agus carson a tha e ag atharrachadh.**

A' ghnàth-shìde ag atharrachadh

Bidh sinn a' dèanamh dhaoine mothachail air a' bhuidh a tha aig atharrachadh sa ghnàth-shìde, a' toirt taic do rudan a tha a' cuimseachadh air a' bhuidh sin a lughdachadh, agus stiùireadh a thoirt air riaghladh dualchas nàdair ach an coinnich e ris an atharrachadh seo

Tha deagh fhianais ann a-nis gu bheil gnàth-shìde na cruinne air atharrachadh thar nan 150 bliadhna mu dheireadh agus gun robh pàirt mhòr aig gnìomhan dhaoine sa chùis. Tha Alba a-nis nas blàithe agus nas fliche. Tha frasan troma nas bitheanta, agus tha àm an fhàis trì seachdainean nas fhaide na bha e sna 1960an.

Chan e rud furasta a th' ann idir coinneachadh ri atharrachadh sa ghnàth-shìde. Tha e buailteach gum bi droch bhuidh is deagh bhuidh aig na h-atharraichean air àrainnean is gnèathan agus bidh buaidh aca air mar a a chleachdar am fearann agus na cuantan airson leasachadh ann an togail, tuathanas, coilltearachd is iasgach. Bidh e a' sìor fhàs cudromach a bhith a' cuimseachadh air riaghladh thuiltean is dìon cladaich agus bidh sinn comhairleachadh dòighean a chleachdadh a bhios a' dèanamh an fheum as fheàrr dhen àrainneachd nàdarra gus feobhas a thoirt air na duilgheadasan sin. Bheir sinn taic dhan Phrogram air Atharrachadh sa Ghnàth-shìde aig Riaghaltas Bhreatainn is na h-Alba agus do dh'iomairtean a chuidicheas le bhith a' cumail atharrachadh sa ghnàth-shìde cho beag 's a ghabhas le bhith a' lughdachadh na tha a' dol mu sgaoil de ghasaichean an taigh-ghlainne.

Bidh sinn:

- **ag aithneachadh agus a' dèanamh dhaoine mothachail air a' bhuidh a tha aig atharraichean sa ghnàth-shìde air dualchas nàdair, a' cumail sùil orra, agus a' cur phlanaichean air adhart gus an droch bhuidh aca a lughdachadh.**

Tha sinn ag amas air dualchas nàdair a bhith na bhuannachd ann am beatha dhaoine, a' dèanamh na h-àrainneachd a tha faisg air far a bheil daoine a' fuireach nas tarraingiche, agus a' cruthachadh chothroman do dhaoine toileachas fhaotainn o dhualchas nàdair, ionnsachadh mu dheidhinn agus pàirt a ghabhail ann.

Tha dualchas nàdair a' cur ri cor beatha is slàinte dhaoine, ri mothachadh is toileachas on àrainn timcheall orra, agus ri fèin-aithne chultuirail is mothachadh air àite. Tha cothroman sònraichte ann an Alba airson chur-seachadan a-muigh air sgàth cumadh na dùthcha. Tha na seallaidhean a' brosnachadh ealan. Tha e na bhuannachd mhòr dhan h-uile duine ma tha cothrom aca air eòlas fhaotainn air dualchas nàdair. Tha sinn ag amas air buannachd a bharrachd a thoirt do dhaoine le bhith a' leasachadh chothroman airson chur-seachadan a-muigh, a' dèanamh àitichean nas tarraingiche airson a bhith a' fuireach annta, agus a' brosnachadh barrachd mothachaidh air an àrainneachd nàdarra.

Tha cus dhaoine ann an Alba a' fuireach ann an àitichean far a bheil e doirbh cothrom fhaighinn tadhal air an dùthaich no àite gorm sam bith, no far nach eil e air a riaghladh gu math agus far nach eil e a rèir feumalachdan dhaoine de gach aois is comas. Bidh ainn a' cur ri 'ceartas a thaobh na h-àrainneachd' le bhith a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil deagh àrainneachd ann dhan h-uile duine.

A' brosnachadh chur-seachadan a-muigh

Tha sinn airson gum bi barrachd chothroman aig gach duine ann an Alba dualchas nàdair a mhealtainn

Tha leudachadh ann an àireamh nan daoine a tha a' gabhail pàirt ann an cur-seachadan a-muigh air iomadh buannachd sòisealta a thoirt dhuinn, eadar leasachaidhean ann an slàinte nan daoine agus buannachd eaconamach do sgìrean dùthchail, gu h-àraidh air sgàth turasachd. Tha tòrr de na cur-seachadan seo an urra ri cho àlainn 's a tha an dùthaich ann an Alba, agus tha a' mhòr chuid dheth air fearann no uisge le feuman eaconamach eile dhan luchd-seilbh. Mar sin, tha obair chudromach ri dhèanamh a' brosnachadh deagh bhàidh eadar gach cùis dhiubh sin, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine a tha ag iarraidh cothrom a ghabhail air an dùthaich ga dhèanamh ann an dòigh iomchaidh.

Tha Pàirt 1 de dh'Achd Leasachadh an Fhearainn (Alba) 2003 a' toirt cothrom nas fheàrr dhan h-uile duine air toileachas fhaotainn a-muigh. Bu chòir gum biodh seo a' ciallachadh gum biodh uallach an dà chuid air na daoine a tha a' tadhal air an dùthaich agus air an fheadhainn a tha ga riaghladh airson gum biodh gach nì a tha a' tachairt iomchaidh, ach am bi spèis aig gach buidheann do dh'fheumalachdan a chèile.

Bidh sinn:

- a' cuideachadh le bhith a' cur an reachdais ùir air cothrom an gnìomh, gus dèanamh cinnteach gun obraich e gu math, agus a' cumail a' sgrùdadh dè a' bhuidheann a tha aige;
- a' dèanamh cinnteach gun tèid an Còd ùr air Cothrom a-muigh ann an Alba a thaisbeanadh fad' is farsaing ach am bi a h-uile duine a tha a' faotainn toileachais o bhith a-muigh, no a tha an urra ri fearann is uisge air a bheil na còirichean ùra a' bualadh, ga thuigsinn ceart agus ga leantainn;
- a' brosnachadh leasachadh lìonradh nan ceuman coiseachd ann am bailtean no faisg air bailtean, a' cuideachadh dhaoine gu bhith a' gabhail cothrom air an dùthaich gun a bhith a' draibheadh, a' lorg dhòighean nas fheàrr agus nas sàbhailte air faighinn a dh'obair, agus a' toirt chothroman do dhaoine air dòigh-beatha nas fhallaine;
- a' brosnachadh barrachd planaich ann a bhith a' riaghladh chur-seachadan a-muigh, stèidhte air feumalachdan dhaoine agus air an fheum a th' ann an aire a thoirt air dualchas nàdair far a bheil iad ag obair; agus
- a' brosnachadh, tro bhith a' faotainn toileachais a-muigh, tuigse nas fheàrr air dualchas nàdair agus a' cuideachadh dhaoine gu bhith a' toirt barrachd aire air.

Àitichean tarraingeach airson fuireach annta

Tha sinn airson gum bi fearann gorm ann am bailtean, is timcheall bhailtean, air a dheagh riaghladh ach am faigh gach duine toileachas às, agus gum bi iad moiteil às an àrainneachd ghlan, shàbhailte, fhallain, àlainn sa bheil iad a' fuireach

Ann an Alba tha ceathrar às gach còignear a' fuireach ann am bailtean. Mar sin, tha e air leth cudromach gun tig dèanar leasachadh is tasgadh ann an raointean gorma, fosgailte sna bailtean. Tha raointean gorma a' toirt cothrom do dhaoine air eacarsaich a-muigh san èadhar, a' toirt cothrom cluiche do chloinn agus a' toirt cothrom air cur-seachadan neo-fhoirmeil eile a-muigh. Tha iad a' dèanamh àitichean nas tarraingiche airson fuireach annta, tha iad nan dachaigh do dh'fhiadh-bheatha, agus tha iad a' toirt cothrom do dhaoine luach a chur air an dualchas nàdarra air an stairsich fhèin. Faodaidh slighean gorma daoine a bhrosnachadh gu bhith a' siubhal dhen cois no air baidhsagal agus, bidh dòigh-beatha nas fhallaine aca mar thoradh air an sin. Tha raon gorm, air a dheagh riaghladh, na bhuannachd ann an leasachadh togail ùr, no timcheall air. Ma leasaichear an àrainneachd ann an sgìrean easbhuidheach, faodaidh e cuideachadh le bhith a' dèanamh rudeigin mu dheidhinn eas-bhuannachd, ag ath-bheothachadh choimhearsnachdan, agus a' brosnachadh tasgadh ùr ann am malairt.

Tha iomadh buidheann ann le uallach airson a bhith a' solarachadh agus a' riaghladh raointean gorma is fosgailte. Nam measg tha ùghdarras ionadail,

comuinn thaigheadais, luchd-leasachaidh, buidhnean gnìomhachais, buidhnean coimhearsnachd, buidhnean slàinte agus buidhnean ùrachaidh. Obraichidh sinn còmhla ri na buidhnean sin gus barrachd solarachaidh a bhrosnachadh sna bailtean a thaobh àitichean gorma, agus cuideachd gus deagh dhealbhadh is deagh riaghladh a bhrosnachadh. Bheir sinn aire shònraichte do choimhearsnachdan easbhuidheach agus do sgìrean far a bheil àrainneachd a tha glè through an-dràsta.

Bidh sinn:

- **a' brosnachadh solarachadh is àitichean gorma sna bailtean agus a bhith gan cumail suas, agus a' leasachadh na h-iomairt 'Àitichean gorma sna Coimhearsnachdan' gus gum bi barrachd choimhearsnachdan ionadail an sàs ann a bhith gan riaghladh;**
- **ag obrachadh còmhla ri feadhainn eile gus seallaidhean dùthcha a chaidh a mhilleadh mar thoradh air obair dhaoine ùrachadh, agus cuideachd àitichean faisg air far a bheil daoine a' fuireach a chaidh a mhilleadh, mar eisimpleir tro iomairt Coille Meadhan Meadhan na h-Alba; agus**
- **a' leantainn le bhith a' brosnachadh libhrigeadh Maoin airson Chothroman Ùra agus programan taic eile gus an àrainneachd ann an sgìrean fa leth a leasachadh.**

Tuigse, ceangal is dealas

Tha sinn airson gum bi daoine mothachail air dualchas nàdair agus gum bi iad a' cur luach air, gum bi iad a' tuigsinn mar a tha e a' cur rim beatha agus mar a tha daoine a' toirt buaidh air; agus tha sinn airson gum bi barrachd dhaoine an sàs ann an a bhith a' riaghladh na h-àrainneachd san sgìre aca.

Ma tha tuigse mhath aig daoine air mar a tha nàdar ag obrachadh, tha e gan cuideachadh gu bhith a' faighinn toileachais às agus a' cur luach air, agus bidh iad nas dealasaiche ann a bhith a' toirt an aire air agus ga dhìon. Obraichidh sinn còmhla ri feadhainn ann am foghlam foirmeil agus ann am foghlam coimhearsnachd gus daoine a chuideachadh gu bhith nas mothachaile air àrainneachd na sgìre aca. Tha dualchas nàdair a' ciallachadh barrachd do dhaoine ma tha iad fhèin an sàs ann a bhith a' riaghladh agus a' toirt an aire air an t-saoghal nàdarra gu h-àraidh faisg air an dachaigh aca. Tha seo a' cuideachadh gu bhith a' togail choimhearsnachdan làidir, misneachail.

Bidh sinn:

- **a' tarraing aire gu gach dòigh sa bheil inbhe dualchas nàdair a' toirt buaidh air beatha dhaoine;**
- **a' toirt fiosrachadh ceart is comhairle mu dhualchas nàdair gus barrachd mothachaidh is tuigse a thoirt do bharrachd dhaoine aig am bi diù ann;**

- a' toirt chothroman do dhaoine oideachadh is eòlas fhaotainn air dualchas nàdair tro fhiadh-bheatha is àrainnean na sgìre agus air làraich mar Ionadan Tèarmainn Nàdair Nàiseanta is Ionadail;
- a' brosnachadh eòlas mu dhualchas nàdair mar phàirt de dh'fhoghlam na sgoile do dh'òigridh;
- ag obair còmhla ri daoine a bhios a' dèanamh cho-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh gu dìreach air dualchas nàdair mar luchd-dealbhachaidh, luchd-stiùiridh an fhearainn no luchd-dèanamh phoileasaidhean gus gum bi barrachd tuigse aca air feumalachdan dualchas nàdair;
- a' dèanamh dhaoine nas mothachaile air iomadachd is inbhe àrainn na mara ann an Alba;
- a' brosnachadh dhaoine fa leth, coimhearsnachdan, buidhnean is roinnean saor-thoileach gu bhith a'dol an sàs ann an riaghladh dualchas nàdair faisg air an dachannan no sna gàrraidhean aca, agus gan cuideachadh a' faotainn fiosrachaidh, tuigse agus misneachd gus sin a dhèanamh; agus
- a' toirt barrachd tuigse do dhaoine air cho mòr 's a tha a' bhuidh a tha aig ar coluadar air dualchas nàdair agus, nam measg sin, mar a tha daoine a' siubhal, a' cleachdadh lùth agus a' cruthachadh sgudail, agus a' brosnachadh dòigh-beatha a tha a' lughdachadh a' bhuidh sin.

A' brosnachadh cleachdadh seasmhach

'S e ar n-amas dèanamh cinnteach gum faigh daoine buannachd à dualchas nàdair san àm ri teachd air sgàth gun tug a h-uile duine an aire air san latha an-diugh

Tha dualchas nàdair na bhun-stèidh airson nan gnìomhachasan a tha a' cleachdadh fearainn agus uisge agus dha na seirbheisean poblach a tha a' tighinn bhuapa. Tha na h-obraichean sin fhèin a' toirt buaidh air an dualchas nàdarra. Tha biadh is lùth agus am bith-iomadachd a tha co-cheangailte riutha a' tighinn on fhearann is on mhuir. Ma thèid an riaghladh gu faiceallach, gheibh sinn buannachdan bhuapa mar sheallaidhean àlainn agus àite airson chur-seachadan a-muigh, agus seirbheisean àrainneachd mar lughdachadh cunnart thuiltean. Tha gnìomhachasan ann an turasachd, cur-seachadan, biadh, uisge-beatha agus obair-ceàird ionadail a'cleachdadh mar a tha an luchd-ceannach a' faireachdainn mu dhualchas nàdair gus cuideachadh a' reic a' bhathair aca. Ma choimheadar às dèidh inbhe, luach is toradh dualchas nàdair an-diugh, gheibh daoine toileachas is iomadh buannachd às cuideachd san àm ri teachd.

Tha iomadh coimhearsnachd dhùthchail an crochadh air dualchas nàdair airson cuid mhath dhem beòshlaint. Agus tha dualchas nàdair an crochadh air daoine is gnìomhachasan air an dùthaich: airson nan sgilean a tha riatanach ann an riaghladh fearainn, uisge agus na mara, airson ceuman is slighean a chumail suas, agus airson goireasan do luchd-turais. Tha sinn a' cur fàilte air leasachadh nach eil a' dèanamh cron air dualchas nàdair agus bheir sinn taic dhan fheadhainn sin a tha dha-rìreabh ga leasachadh.

San àm a dh'fhalbh bha cuid dhen bheachd nach robh amasan dualchas nàdair a' tighinn a rèir fheuman eile airson fearann is uisge agus gur e co-rèiteachadh an rud a b'fheàrr a gheibheadh tu. Ach an-diugh, tha aithne ann gu bheil amasan sòisealta, eaconamach is àrainneachdail glè thrìc a' dol còmhla seach a bhith a'dol an aghaidh a chèile. Tha an t-slighe air adhart air cùisean mar riaghladh fhèidh air na monaidhean àrda, geòidh fhaidhaich air talamh àitich agus iasgach malairteach an urra ri tuigse gu bheil dualchas bheartach, nàdarra pailt cho buannachdail dhan eaconamaidh 's a tha e dhan àrainneachd.

Cleachdadh fearainn — riaghladh tuathanais,coilltearachd is monaidh

Tha sinn ag iarraidh fearann a bhios air a riaghladh gus gun toir e dhuinn iomadh buannachd shòisealta is àrainneachdail, le àrainnean nas nàdarra agus le ceanglaichean nas fheàrr an taobh a-staigh de sgìrean sa bheil dian chleachdadh

Tha na prìomh chleachdaidhean fearainn sin an crochadh air dualchas nàdair agus tha buaidh mhòr aca air, agus tha e dualtach gun toir grunnan atharraichean ann am poileasaidh poblach buaidh mhòr air cuideachd. Tha an Ro-innleachd Adhartach airson Àiteachas na h-Alba agus Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba feumail ann a bhith a' lughdachadh strì eadar riaghladh an dualchais nàdarra agus cleachdaidhean

fearainn eile. Dh'fhaodadh nach bi dòighean àitich cho dian ann on seo a-mach ann an cuid de sgìrean air sgàth Atharraichean ann am Poileasaidh Coitcheann an Àiteachais, agus gum bi fearann air a chleachdadh ann an diofar dhòighean. Ann an sgìrean eile dh'fhaodadh gum bi dòighean nas diana ann.

Bidh sinn:

- **ag obrachadh còmhla ri luchd-riaghlaidh fearainn gus coimhead às dèidh bòidhchead is fiadh-bheatha air an dùthaich agus gus cothrom fhaotainn air a dhol ann;**
- **a' toirt taic do shiostaman cleachdadh fearainn a tha math do dhualchas nàdair air feadh Alba gu lèir;**
- **a' lorg dhòighean ùra a thaobh riaghlaidh agus teicneòlas ùr gus co-fhreagrachd nas fheàrr fhaotainn eadar àiteachas is feuman fearainn eile agus dualchas nàdair;**
- **a' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àrainnean nàdarra nas fheàrr am measg fheuman fearainn eile agus a' dèanamh ceangal eadar na h-àrainnean nàdarra seo;**
- **a' sireadh gum bi caoraich is fèidh ag ionaltradh aig ìre a bhios seasmhach a thaobh na h-àrainneachd air feurach nàdarra, talamh tuathanais, coillteach is monadh; agus**
- **a'cuideachadh a' leasachadh ro-innleachd ùir airson Alba.**

Fìor-uisge, cladaichean agus cuantan

Tha sinn airson gum bi fìor-uisge, cladaichean agus am muir gan riaghladh ann an dòigh a tha mothachail air obair nàdair agus inbhe uisge, agus gum bi iad air an cleachdadh aig ìre a bhios seasmhach gun cron a dhèanamh

Tha an dòigh sa bheil sinn a'cleachdadh an fhearainn ann an sgìrean dùthchail a' toirt buaidh air dè bhios a' tachairt air aibhnichean, lochan, cladaichean agus anns a' mhuir. Tha dòigh-obrach de chaidreachas a tha a' gabhail a-steach nan coimhearsnachdan, luchd-riaghlaidh fearainn is uisge agus ùghdarras riaghailteach air a bhith feumail gus poileasaidhean agus siostaman maoineachaidh aontachadh.

Tha aibhnichean is cladaichean air àrainnean cho caochlaideach 's a tha ann. 'S iad sin a' chiad bhalla dìon a tha againn o mhilleadh thuiltean is stoirmean ma leigeas sinn leotha obrachadh gu nàdarra nuair a thachras gin dhuibh sin. Tha na dearbh rudan sin a' cruthachadh cumadh sònraichte na talmhainn agus àrainneanan nan aibhnichean is nan cladaichean. Tha cleachdadh fearainn leasachaidhean togail, solar uisge is sgeamachan dealan-uisge nas fheàrr an dèanamh ann an dòigh a bheir seasmhachd dha na siostaman nàdarra sin.

Leasaichidh Stiùireadh Uisge a' Chomainn Eòrpaich bith-iomadachd fìor-uisge agus inbhe uisge air muir agus tìr agus cuidichidh e a' lughdachadh cunnart o thuiltean agus o thart. Feumar planaichean a dhèanamh airson aibhnichean agus an cur an gnìomh. Bidh iad seo nan stiùireadh air cleachdadh seasmhach stòrasan uisge, a'cumail smachd air truailleadh agus ag ùrachadh feuman eag-eòlais. Tha an Stiùireadh ga chur an gnìomh ann an Alba tro Achd Àrainneachd Uisge is Seirbheisean uisge (Alba) 2003. Bidh Buidheann Dion Àrainneachd na h-Alba os cionn na h-obrach seo ach bidh iad a'cur feum air comhairle bhuainn air dualchas nàdair.

Tha àrainnean sònraichte agus eadar-dhealaichte air cladaichean Alba mar bhearraidhean mara agus machraichean làn dhìtheanan. Tha iad sin a' toirt sheallaidhean àlainn dhuinn, cothroman air cur-seachadan agus buannachdan àrainneachdail. Tha mamailean mara, tuineachaidhean mòra de dh'èoin-mhara agus iomadh àrainn is gnè sa mhuir mu na cladaichean againn. 'S ann orra cuideachd a tha iasgach is tuathans èisg stèidhte, agus gnìomhachasan eile mar obair ola is gas agus luingeas.

Bidh sinn:

- **a' toirt taic do Bhuidheann Dion Àrainneachd na h-Alba agus buidhnean eile gu bhith a' cur Achd Àrainneachd Uisge is Seirbheisean Uisge (Alba) 2003 an gnìomh;**
- **a' brosnachadh riaghladh aibhnichean is chladaichean a nì an fheum as fheàrr de dh'fheartan nàdarra is rudan a bhios a' tachairt gu nàdarra ach an dìon iad na cladaichean gus nach bi cunnart ann o thuiltean; agus**
- **a' cuideachadh a'cur air adhart Stiùireadh Ro-innleachd Àiteachas-uisge na h-Alba, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil tuathanais èisg, obair iasgaich agus gnìomhachasan eile a tha a'cleachdadh na mara a' lughdachadh cho math 's a ghabhas buaidh sam bith ris nach robh dùil air dualchas nàdair.**

Turasachd

Tha sinn ag iarraidh turasachd seasmhach stèidhte air dualchas nàdair, agus an gnìomhachas a' gabhail làn phàirt ann an riaghladh is dìon an stòrais air a bheil e an crochadh

Tha turasachd ann fhèin a'cleachdadh tòrr fearainn is uisge. Tha e an urra ri seallaidhean bòidheach is pailteas fiadh-bheatha agus cuideachd air cothrom fhaighinn air an dùthaich. Tha e cudromach gun leasaich an gnìomhachas ann an dòigh a bhios iomchaidh agus seasmhach.

Bidh sinn:

- **a'cuideachadh bhuidhnean turasachd is choimhersednan gu bhith a' faotainn chothroman ùra ann an turasachd stèidhte air dualchas nàdair; agus**

- **a' brosnachadh turasachd gu bhith seasmhach tro Fhorum an Turasachd is na h-Àrainneachd agus le bhith a' toirt taic do Ro-innleachd Turasachd Pàrlamaid na h-Alba.**

Lùth ath-chruthachail

Bheir sinn taic do leasachadh lùth ath-chruthachail far a bheil sin air a dhèanamh ann an dòigh a lughdaicheas a' bhuidh air dualchas nàdair

Tha lùth ath-chruthachail a' fàs gu math cudromach a thaobh cleachdadh fearainn is uisge. Tha sinn a' toirt taic do shealladh Pàrlamaid na h-Alba gum bu chòir 40% de dhealan Alba a bhith a' tighinn o stòir ath-chruthachail ro 2020, a' cleachdadh iomadh seòrsa teicneòlais, mar dhòigh air a bhith a' lughdachadh na tha a' dol mu sgaoil san àrainneachd a tha a' cur ri atharrachadh sa ghnàth-shìde agus an droch bhuidh a bhios aig an sin. Ann a bhith a' libhrigeadh seo, thig atharrachadh air an dùthaich ann an Alba – co-dhiù 's ann tro atharraichean ann an sealladh na dùthcha air sgàth thuathan gaoithe no tro atharraichean ann an aibhnichean air sgàth sgeamachan dealan-uisge, no tro atharrachadh ann an grunn na mara o ghineadairean làin no gaoithe air an suidheachadh aig muir. Feumar loidhnichean cumhachd ùra airson ceangal a dhèanamh eadar na stòir ùra seo.

Bidh sinn:

- **a' toirt stiùiridh air lùth ath-chruthachail, lùth ath-chruthachail on mhuir na mheasg, gus a dhol a dh'ionnsaigh nan seòrsachan cruthachaidh agus na sgìrean aig am bi a' bhuidh as lugha air dualchas nàdair, agus far an urrainn dhuinn droch bhuidh air dualchas nàdair, a tha cudromach gu nàiseanta, a sheachnadh.**

A' dealbhachadh cleachdadh seasmhach

Tha sinn ag iarraidh dòighean obrach a thaobh cleachdadh fearainn is uisge air an deagh dhealbhadh gus a bhith cinnteach gun coileanar nas urrainn dhuinn de dh'amasan ach a' gleidheil inbhe an dualchais nàdarra

Chan e a-mhàin gu bheil cleachdadh fearainn is uisge a' toirt buaidh air dualchas nàdair san fharsaingeachd, ach faodaidh obair eaconamach de gach seòrsa buaidh a thoirt air gach cùis co-cheangailte ri dualchas nàdair. Feumaidh dòighean obrach a bhith a' ceangal ri chèile agus a bhith mothachail air gach buaidh is buannachd a tha ann ach an cum na siostaman nàdarra, air a bheil ar coluadar an urra, a' dol.

Tha siostam dealbhachaidh nam bailtean is na dùthcha air buaidh cho cudromach 's a tha air cùram is cleachdadh seasmhach an dualchais nàdarra. Tha ùghdarras dealbhachaidh Alba nam prìomh chom-pàirtichean san obair againn. Tha atharraichean cudromach gam moladh an-dràsta ann an riaghailtean dealbhachaidh ro-innleachdach. Bheir seo àiteachas uisge a-steach air siostam an dealbhachaidh. Thèid Frèam Dealbhachaidh Nàiseanta a easachadh le cudrom às ùr air sàr dhealbhadh airson leasachaidhean ùra.

'S e ceum cudromach a bhios ann nuair a thèid Stiùireadh an Aonaidh Eòrpaich air Measadh Ro-innleachdail na h-Àrainneachd fhoillseachadh agus a bhios Pàrlamaid na h-Alba ga leantainn airson gach ro-innleachd, plana is program. Bithear an uair sin a' smaoinneachadh mu chùisean dualchas nàdair nas tràithe ann an dealbhachadh is ro-innleachdan.

Bidh sinn:

- **a' cur an cèill modh obrach ro-innleachdail ann a bhith a' planadh dè na bu chòir a bhith air a chleachdadh de dh'fhearann agus dhen mhuir, is mar a tha an dùthaich air a riaghladh, agus bidh seo mothachail air luach dualchas nàdair agus an fheum airson nan seòrsachan leasachaidh a bhios seasmhach;**
- **a' cuideachadh le lìbhrigeadh molaidhean Pàrlamaid na h-Alba airson Measadh Ro-innleachdail na h-Àrainneachd a thaobh gach ro-innleachd, plana is program;**
- **a' toirt taic do Dhealbhachadh Coimhearsnachd mar dhòigh air modh obrach co-obrachail a choileanadh san sgìre a thaobh chùisean a tha a' toirt buaidh air dualchas nàdair agus na seirbheisean a tha sin a' toirt dhuinn;**
- **a' toirt comhairle air atharraichean reachdais is poileasaidh ann an siostam an dealbhachaidh ach am bi leasachaidhean ùra a' toirt spèis dhan dualchas nàdarra agus ga dhèanamh nas fheàrr, a' toirt buaidh air brìgh stiùireadh dealbhachaidh nàiseanta agus planaichean leasachaidh, agus a' comhairleachadh air na dh'fhaodadh na leasachaidhean a tha gam moladh a bhith a'ciallachadh do dhualchas nàdair; agus**
- **a' sealltainn na dh'fhaodas dualchas nàdair a chur ri cleachdadh seasmhach fearainn is uisge agus ris an eaconamaidh ionadail is nàiseanta.**

Dòighean obrach

'S e ar n-amas a bhith nar buidhinn èifeachdaich, dhealasaich le creideas

Tha na cuspairean eile san ro-innleachd a' toirt geàrr iomradh air na tha sinn a' dèanamh. Tha an dòigh a tha sinn ga dhèanamh pailt cho cudromach. Tha sinn ag innse an seo mun dòigh obrach againn agus mar a tha sinn a' cleachdadh an stòrais againn. Gus an 'Luach as fheàrr' fhaotainn, bidh sinn an-còmhnaidh a' leasachadh na tha sinn a' dèanamh agus bidh sinn cùramach is èifeachdach, is bidh sinn a' cur chothroman co-ionnan air adhart agus a' cur ri leasachadh seasmhach.

A' cur cuideam air luchd-cleachdaidh

Tha an luchd-cleachdaidh againn a' gabhail a-steach duine sam bith a tha a' cur feum air taic is comhairle mu dhualchas nàdair, mar an Riaghaltas, buidhnean poblach is pùbheideach, buidhnean saor-thoileach is buidhnean riochdachaidh, luchd-stiùiridh fearainn agus daoine fa leth. Obraichidh sinn còmhla a dh'ionnsaigh amasan mu bheil sinn aonaichte, agus thig sinn gu aonta mu chùisean connspaideach. Tha sinn ag amas air coinneachadh ri feumalachdan dhaoine eile agus spèis a thoirt dhaibh, ach, cuideachd a' cur an cèill nam feumalachdan againne agus aig dualchas nàdair. Far a bheil connspaid, bidh sinn a' sireadh aonta mar an dòigh as fheàrr air a dhol air adhart.

Bidh sinn a' sgaoileadh an fhiosrachaidh a tha againn gu càch. Mar sin, bidh sinn cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean stèidhte air an fhiosrachadh as fheàrr a tha ri fhaotainn. Bheir sinn cothrom do dhaoine air an taobh a-muigh air na prìomh stòir fiosrachaidh againn, agus bidh cothrom dìreach againne air an fhiosrachadh a tha acasan.

Tha sinn ag obair dhan h-uile duine ann an Alba. Nì sinn cinnteach nach eil na dòighean obrach againn a' dèanamh dìmeas air duine sam bith a thaobh an còir air àrainneachd fhallain no a' faighinn tuilleadh a-mach mu dheidhinn.

Faodaidh rudan a tha a' tachairt an taobh a-muigh de dh'Alba buaidh a thoirt air bith-iomadachd ann an Alba fhèin, agus faodaidh na tha a' tachairt ann an Alba buaidh a thoirt ann an àiteigin eile. Feumaidh sinn mar sin a bhith mothachail air rudan a tha a' tachairt san fharsaingeachd ann am Breatainn agus san Roinn Eòrpa. Tha sinn nar ball de Cho-chomataidh Glèidhteachais Nàdair tro bheil sinn a' cur ri glèidhteachas nàdair ann am Breatainn agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha e cuideachd gar cuideachadh le bhith a' tionail, a' riaghladh agus a' sgaoileadh fiosrachadh ro-innleachdail mun àrainneachd.

Bidh sinn:

- **ag obair airson buannachd an dualchais nàdarra còmhla ro luchd-compàirt agus daoine fa leth, luchd-seilbh agus luchd-còmhnaidh làraich shònraichte, manaidsearan fearainn is uisge, buidhnean malairt is**

buidhnean pribheideach, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach eile, buidhnean saor-thoileach is buidhnean riochdachaidh;

- **a' toirt deagh aire air ar luchd-cleachdaidh, ag èisteachd rim beachdan, agus a' tomhas agus a' foillseachadh dè cho math 's a tha sinn dhaibh;**
- **a' foillseachadh fiosrachaidh is comhairle mu dhualchas nàdair, a' cumail suas làrach-lìn le fiosrachadh ùr mun obair againn agus mu dhualchas nàdair, a' foillseachadh an rannsachaidh againn, agus a' cumail nan ceàrdlann againn air Sgaoileadh Deagh Dhòighean-obrach;**
- **a' cleachdadh phroiseactan taisbeanaidh airson na dòighean-obrach as fheàrr a bhrosnachadh ann an riaghladh an dualchais nàdarra, agus a' sealltainn mar a ghabhas na dòighean sin an cleachdadh ann an àitichean eile;**
- **a' dèanamh cinnteach gu bheil na tha sinn a' foillseachadh ri fhaotainn anns gach coimhearsnachd ann an Alba ann am Beurla shoilleir agus, far a bheilsin iomchaidh, ann an Gàidhlig; 's dòcha cuideachd gum foillsich sinn sgrìobhainnean ann an cànan eile, air teip claisneachd, Braille agus ann an clò mòr; agus**
- **an sàs ann an obair Co-chomataidh Glèidhteachais Nàdair, agus a' sgaoileadh fiosrachaidh is eòlais còmhla ri buidhnean eileidhen leithid sin ann an Sasainn, sa Chuimrigh agus ann an Eirinn a Tuath, agus ann an dùthchannan eile san Aonadh Eòrpach agus ann an Ceann a Tuath na Roinn Eòrpa.**

A'coinneachadh ri feumalachdan ionadail

Tha mu dhà fhichead oifis againn air feadh Alba agus tha sinn a' creidsinn gu bheil seo a'ciallachadh gu bheil sinn nas fhaisge air barrachd dhaoine ann an Alba. Far an gabh sin dèanamh, bidh sinn ag obair air mhodh 'ionadail' Tha seo a'ciallachadh gum bi co-dhùnaidhean gan dèanamh aig ìre ionadail ach an tèid againn air coinneachadh ri feumalachdan is suidheachadh na sgìre. Ach tha e cuideachd cudromach gu bheil co-sheasamh nàiseanta againn sna freagairtean againn, no gun urrainn dhuinn a mhìneachadh Carson a tha dòigh-obrach eadar-dhealaichte ann an diofar cheàrnaidhean dhen dùthaich. Bidh na poileasaidhean agus an stiùireadh againn nam frèama airson ar co-dhùnaidhean agus ar freagairtean. .

Bidh sinn:

- **a' cumail suas oifisean ionadail air feadh Alba, agus a' cumail suas nam Bòrd Sgìreil; agus**
- **a' toirt ùghdarras chiallach gu h-ionadail an taobh a-staigh de chlàr soilleir air poileasaidh, stiùireadh agus cunntalachd.**

Fosgailte agus cunntachail

Ma tha sinn fosgailte, feumaidh sinn a bhith onarach agus a' toirt seachad fiosrachaidh. Tha cunntalachd a'ciallachadh gum feum sinn ar co-dhùnaidhean agus na nì sinn fhìrinneachadh. Nuair a bhios sinn a' tighinn gu co-dhùnaidhean, bidh sinn ag amas air daoine air an toir iad buaidh a bhith an sàs sa chùis. Bheir sinn cothrom do dhaoine air an fhiosrachadh air cùl nan co-dhùnaidhean sin, agus mìnichidh sinn an t-slighe a tha sinn a' gabhail agus dè an t-sùbailteachd a tha ann.

Bidh sinn:

- a'cumail choinneamhan fosgailte dhen bhòrd, agus a' dèanamh aithisgean dha na meadhanan an dèidh gach coinneimh ag innse dè na co-dhùnaidhean chun an tàinig sinn;
- a'cumail choinneamhan agus a' dèanamh rudan eile air feadh Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom ag daoine sna sgìrean, agus aig buidhnean ionadail is nàiseanta barrachd fiosrachaidh fhaotainn mun obair againn agus am beachdan a thoirt dhuinn
- a' foillseachadh an fhiosrachaidh againn ann an cruth a bhios feumail do dhaoine eile, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' tighinn a rèir stiùireadh nan riaghailtean ùra air cothrom air fiosrachadh mun àrainneachd;
- a' dèanamh làn aithisg air na tha sinn ris; agus
- a'cumail co-chomhairleachadh poblach air prìomh chùisean agus prìomh mholaidhean ùra a thaobh poileasaidh.

A' dèanamh feum chiallach de mhaoin phoblaich

Cha mhòr nach eil an stòras againn gu lèir a' tighinn on riaghaltas mar thaic-cobhair. Air sgàth nadir na h-obrach agus gach buidheann le bheilsinn ag obair, tha sinn a'cosg mu thrian dhen teachd-a-steach againn airtuarastail is cosgaisean taic luchd-obrach. Tha sinn cuideachd a'cosg cuibhreann mhòr ann an taic-airgid do bhuidhnean eile agus gus taic a thoirt do riaghladh dualchas nàdair sa program Cùram Nàdarra.

☐ Bidh sinn:

- a' libhrigeadh program le targaidean anns am bi luach an airgid agus a bhios a' coinneachadh ri prìomhachasan Pàrlamaid na h-Alba is prìomhachasan eile; agus
- bidh sinn a' cleachdadh an airgid againn gus barrachd maoin fhaotainn à àitichean eile, agus a' brosnachadh bhuidhnean maoineachaidh eile gu bhith a' stèidheachadh phrograman a bheir taic dha na prìomhachasan againn agus a bheir barrachd airgid airson dualchas nàdair.

Dàimheil dhan àrainneachd

Tha sinn ag argumaid san ro-innleachd seo gum feumar barrachd luach a chur air an àrainneachd agus air dualchas nàdair. Feumaidh sinn fhèin a bhith nar n-eisimpleir san dòigh sa bheil sin nag obair. Tha an obair againn san raon seo stèidhte air a' phrogram againn 'A' deànamh Àit'-obrach gorm'.

Bidh sinn:

- **a' cleachdadh nas lugha de stòras le bhith a' ceannach bather nach eil dona dhan àrainneachd, a' lughdachadh sgudail agus a' leudachadh ath-chleachdadh is ath-chuairteachadh, a' lughdachadh cleachdadh lùth agus a' leudachadh èifeachdas lùth, agus a' deànamh siubhal nas fheàrr dhan àrainneachd;**
- **a' deànamh nan togalaichean againn nas èifeachdaiche an car na h-àrainneachd, le bhith cùramach mu shuidheachadh, dealbhachadh, stuthan, teas, uisge agus riaghladh làraich; agus**
- **ag amas air teisteanas dha na h-ionadan tadhail againn fon Sgeama airson Gnìomhachas Turasachd Gorm.**

A' cur luach air luchd-obrach

'S e eòlas agus sgilean an luchd-obrach againn an stòras as cudromaiche a tha againn. Tha taic shoibheachail airson dualchas nàdair a' cur feum air luchd-obrach math, dealasach air an deagh threànadh. Gus na prìomhachasan san ro-innleachd seo a chur air adhart, tha feum air eòlas teicigeach agus an comas dòighean-obrach is beachdan eadar-dhealaichte a thuigsinn. Tha sinn a' cur luach air an luchd-obrach againn agus bidh sinn a' toirt taic dhaibh gus bhith cinnteach gu bheil sinn airidh air aithne mar fhaistidhear a tha 'a' cur creideas ann an daoine'.

Bidh sinn:

- **ag obrachadh san dòigh as fheàrr a th'ann a thaobh phoileasaidhean is dhòighean obrach a tha cothromach, fosgailte agus a' gabhail a h-uile duine a-steach, agus a' dìon slàinte is sàbhailteachd an luchd-obrach againn agus feadhainn eile a tha an sàs no fo bhuaidh na h-obrach againn;**
- **a'cumail a' misneachadh luchd-obrach le sgilean is eòlas gus an ro-innleachd seo a chur air adhart, agus a' brosnachadh leasachadh pearsanta agus a' cur nan sgilean aca gu feum do dhaoine eile;**
- **a' brosnachadh riaghladh is stiùireadh èifeachdach is sgileil, agus bidh sinn fosgailte a thaobh fiosrais air na tha sinn a'coileanadh;**
- **a'dol an sàs ann an gluasad luchd-obrach a dh'Inbhir Nis le cùram is co-fhaireachdainn, a' deànamh cho beag 's as urrainn dhuinn de dh'ùpraid nar n-obair agus a' dèiligeadh gu cothromach ri luchd-obrach, agus a' cleachdadh a' chothruim air àrd oifis ùir gus buidheann nas èifeachdaiche buileach a chruthachadh;**

- **gu bheil an luchd-obrach gu lèir a' tuigsinn brìgh na ro-innleachd seo agus gu bheil fios aca air an àite a tha aca ann a bhith ga libhrigeadh.**